











~~Hall. 133. b.~~

Hall. 131. i. 3 (1-14)

13/6

County records

131





12

The following is by Donald Macfarlane son of the  
Late P Macfarlane translator of Blair Doddridge &c  
Donald Macfarlane - resides in Glasgow - The project did  
not succeed, as it never went beyond this notice

Duneidinn, Air an 2<sup>ra</sup> là do Mhìos Deireannach an Fhogharaidh 1837.

A DHUIN' UASAIL,

NAN luasaicheadh ùine dhomh cuairt a dhèanamh air feadh mo Luchd-eòlais agus na Gaeltachd, cha d'fhiginn a' d' làthair air an dòigh so dhèanamh m' iarrtais Aithnichte. 'S ann do bhrìgh nach 'eil so a' m' chomas, no modh air bìth eile agam air mo rùn a dhèanamh follaiseach, co ealamh 's bu mhaith leam, a ghabh mi dhànadas dragh a chur ort le m' litir. Tha mi 'n dòchas uime sin gu 'n gabh thu mo leithsgeul, agus gu 'n d'fhoir thu, gu toileach, do chòmhnadh dhomh le d' pheann agus le d' sporan, chum mo neartachadh gus an ni tha mi nis gu ainmeachadh a chur air aghaidh.

Ann an toiseach na h-ath mhìos, tha e 's an amharc agam, le còmhnadh mo luchd-cuid-eachaidh, tòiseach air leabhran a chur a mach ris an abrar am "FIOR GHAIIDHEAL," ma 's e 's gu 'n d'fhig àireamh fhreagarach fho-sgrìobhairean air an aghaidh beagan roimh dheireadh na mìos so. Tha 'n leabhran so gu àit an Teachdair a chumail suas, sin ri ràdh, fhad 's a bhios e a' m' chomas, le còmhnadh chàirdean, so a dhèanamh. Thig e mach, ann an toiseach gach mìos, aig a cheart phàis a bha 'n Teachdair, agus 's a' cheart mheudachd; ach fàsaidh e am meud, a réir mar dh'fhàsas àireamh nam fo-sgrìobhairean. Tha mi 'n dòchas gu 'm faigh m' iarrtus éisdeachd agus gu 'n dèan thu do dhìcheall chum mo chùis a neartachadh an dà chuid le d' sgeul agus le d' ainm-chlàr. Gabhaidh mi do sgeul no t-eachdraidh 's a' cheud àit, agus do chlàr co dlùth 'n a chois 's a dh'fhaodas tu. Bithidh gach duin' uasal a chuireas eachdraidh a' 'm beul an "FIOR GHAIIDHEIL," co maith agus so a dhèanamh saor o chosdas,—or chi gach neach gu 'm biodh an dòigh chleachdta air sgrìobhadh tuille 's cosdail.—'S mise,

A DHUIN' UASAIL,

Do sheirbhiseach ro ùmhal,

FIOR GHAIIDHEAL.

Sgrìobh 'a m' ionnsuidh,

FIOR GHAIIDHEAL,

Care of MR. D. R. COLLIE,

4. Niddry Street, Edinburgh.













